



CASCHEUM NAM
BARD

An Anthology of
Gaelic Poetry

*

EARRANN II

AN CLAR-INSIDH

CASCHEUM NAM BARD

An Anthology of Gaelic Poetry
(Second Edition)

Selected and Edited
by
LACHLAN MACKINNON, M.A.

FARRANN II

HIGHLAND PRINTERS INVERNESS

AN CLAR-INNSIDH



	Page
Tuireadh Mhic Cruimein	1
Torradh Shir Iain Mhoore	2
Mo Shùil ad Dhéidh	3
An t-Alltan	4
Bàs Màiri	5
Cumha do Iain Garbh	6
Slàn le Diùra	7
Salm xxiii	8
Blàr Chùil-lodair	9
Ionndrainn-cuain	10
Duan Callain	12
Tir nam Beann Ard	13
Caolas Odrum	14
Oran Dùthcha	15
Dàn do'n Ghréin	17
A' Bhean Chomuinn	18
Toimhseagan	19
Cumha do Iain Garbh	20
An Cuan Siar	21
Coal Muile	22
Nic Còiseam	23
An t-Eun Siubhail	24
Gur moch rinn mi dùsgadh	25
Am Bruideargan	26
An Fhuar-bheinn	27
Fiòs chun a' Bhàird	28
'Nuair bha mi Og	31
Oran Dùthcha	32
An Ataireachd Bhuan	34
An Uiseag	36
Rannan Neònach	38
Monadh is Sliabh	39
An t-Eilean Muileach	40
Taobh mo theine fhéin	41
An Gàidheal air cladaich céin	42

1	Tarbhach Mhàire Cruimein
2	Tarbhach Mhàire Mhoore
3	Mo Bhaile òidh
4	An t-Aillean
5	Bea Mhàire
6	Comha de Iain Garbh
7	Sìne de Dòra
8	Sàim xall
9	Bhaile Chàis-Jodair
10	Comha de Iain Garbh
11	Duan Catha
12	Tu nam Beann Ard
13	Comha de Iain Garbh
14	Comha de Iain Garbh
15	Comha de Iain Garbh
16	Comha de Iain Garbh
17	Comha de Iain Garbh
18	Comha de Iain Garbh
19	Comha de Iain Garbh
20	Comha de Iain Garbh
21	Comha de Iain Garbh
22	Comha de Iain Garbh
23	Comha de Iain Garbh
24	Comha de Iain Garbh
25	Comha de Iain Garbh
26	Comha de Iain Garbh
27	Comha de Iain Garbh
28	Comha de Iain Garbh
29	Comha de Iain Garbh
30	Comha de Iain Garbh
31	Comha de Iain Garbh
32	Comha de Iain Garbh
33	Comha de Iain Garbh
34	Comha de Iain Garbh
35	Comha de Iain Garbh
36	Comha de Iain Garbh
37	Comha de Iain Garbh
38	Comha de Iain Garbh
39	Comha de Iain Garbh
40	Comha de Iain Garbh
41	Comha de Iain Garbh
42	Comha de Iain Garbh
43	Comha de Iain Garbh
44	Comha de Iain Garbh
45	Comha de Iain Garbh

EARRANN II

TUIREADH MHIC CRUIMEIN

Dh'iadh ceò nan stùc mu aodann Chuilinn,
 Is sheinn a' bhean-shidh a torman mulaid;
 Tha sùilean gorm' ciùin' 'san Dùn a' sìleadh,
 O'n thriall thu uainn 's nach till thu tuilleadh.

Cha till, cha till, cha till Mac Cruimein,
 An cogadh no 'n sìth cha till e tuilleadh:
 Le airgiod no nì cha till Mac Cruimein,
 Cha till e gu bràth gu là na cruinne.

Tha osag nam beann gu fann ag imeachd,
 Gach sruthan is allt gu mall le bruthach;
 Tha ealtainn nan speur feadh gheugan dubhach,
 Ag caoidh gun d'fhalbh 's nach till thu tuilleadh.

Tha an fhairge fa-dheòidh làn bròin is mulaid,
 Tha am bàta fo sheòl, ach dhiùlt i siubhal;
 Tha gàirich nan tonn le fuaim neo-shubhach
 Ag ràdh gun d'fhalbh 's nach till thu tuilleadh.

Cha chluinnear do cheòl 's an Dùn mu fheasgar,
 Is Mac Talla nam mùr le mùirn 'ga fhreagairt;
 Gach fleasgach is òigh gun cheòl gun bheadradh,
 O'n thriall thu uainn 's nach till thu tuilleadh.

TORRADH SHIR IAIN MHOORE

Cha chualas fonn téise no bròin air a' mhur,
 Mar thog sinn a chorp air ar guailnibh;
 Cha do loisgeadh urchair le saighdear mu'n ùir;
 Drum a cha chualas a' bualadh.

Thiodhlaiceadh esan an uaigneas na h-oidhch',
 Airm chatha ag cladhach na h-ùrach;
 A' ghealach gu fann troimh neulaibh a' soills',
 Leus soluis 'gar seòladh gu tùrsach.

Cha robh feum aig an laoch air cist a bhiodh buan,
 No ollanachd anairt g'a chuartaich;
 Ach laigh e mar ghaisgeach ag gabhail a shuain,
 Le thrusgan cogaidh mun cuairt air.

B'aithghearr 's bu tearc an ùrnaigh chaidh suas,
 Is shil sinn na deòir gu sàmhach,
 Ag amharc air creubh an tréin a thug buaidh,
 Is buairte mu theachd an là màirich.

Oir thug sinn fa-near ag cladhach na h-uaigh',
 'S mar bha sinn gu truagh 'ga dealbhadh,
 Gun dèanadh coigrich a' saltairt le fuath,
 Agus sinne air a' chuan a' seòladh;

Le tàir air a spiorad gun dèanadh an nàmh
 Air an uaigh so suidhe 'ga chàineadh;
 Ach 's suarach sin dhàsan ag gabhail a thàimh,
 Far an d'rinn a luchd-dàimh a chàradh.

Ghairmeadh air falbh sinn o obair a' bhròin,
 Is cian mun robh crìoch air an tòrradh,
 Chuala sinn toirm a' chogaidh teachd oirnn,
 Is gaoid nan gunnathan móra.

Ach leig sinn e sìos gu h-athaiseach ciùin,
 Mar thuit e an treun a mhórachd,
 Gun leac-lighe r'a cheann, gun chàrn os a chionn,
 Ach sìnte le ghlòir 'na ònrachd.
 Eadar-theangaichte le Tormod MacLeòid.

MO SHUIL AD DHEIDH

Gun d'éirich mi mochthrath madainn an dé,
 'S gun ghearr mi 'n ear-thalmhainn do bhrìgh mo sgéil,
 An dùil gum faicinn-sa rùn mo chléibh;
 Och òin, gum faca 's a cùlaibh rium féin.

Nam bitheadh sud agam mo lùth 's mo leum,
 Mi 'm shuidhe aig bealach 's mo chù air éill,
 Gun dèanainn-sa cogadh gu làidir treun
 Mun leiginn mo leannan le fear tha fo 'n ghréin.

'S ann ormsa tha 'm mulad 's am fiabhras mór,
 O'n chualas gun deach thu le Brian òg;
 Mo chomunn cha dèan mi ri mnaoi 'san fheòil,
 O'n rinn thu mo thréigsinn 's mi féin a bhith beò.

O, chan 'eil uiseag 's na speuraibh àrd',
 No eun anns an doire d' am b'eòil mo ghràdh
 Nach 'eil nis ri tuireadh a dh'oidhche 's a là,
 O'n chualas gun ghlacadh mo chailin air làimh.

Och òin mo chailin 's mo shùil ad dhéidh,
 Cha léir dhomh am bealach le sileadh nan deur.

AN T-ALLTAN

Tha 'n t-alltan a' teàrnadh
 Thar stall agus chàrnan;
 Tha 'n t-alltan a' teàrnadh
 Le màn nan cas stùc;
 Tha 'n t-alltan a' mireag
 Gu còmhnard a' ghlinne,
 'S a' dranndan an grinneas
 Ri binnead cruic-chiùil.

Sruth soilleir mar àile,
 'S na speuran gun neulaibh,
 Tha faileas dhos blàthar
 A' deàrrs' ann ad bhùrn;
 Thig àrd agus iosal
 'S gun caisg iad an iota,
 Aig rìgh nan deoch 's rìoghala
 Lionar 's na cùirn.

Le taisealt do cheòbain
 Tha chreag air a còmhdach,
 A' chòinneach a' tòiceadh
 'Na mòthraichean dlùth';
 Tha 'n crotal ag iadhadh
 Mu cheann nan clach liatha,
 Measg eidheann is iadhshlat,
 Nam miaran 's nan lùb.

Mi 'm shuidhe 's a' chòsaig,
 'S mi 'g cluinntinn do chrònain,
 'S tha cuimhneachain m'òige
 Tighinn beò dhomh as ùr,
 'S do thorman a' luaidh
 Air gach guth ata bhuam-sa,
 Ri 'n d'éisd mi 's an uair ud
 Mu d' bhruchan le mùirn.

IAIN MACPHAIDEIN.

BAS MAIRI

Chaochail i mar neultan ruiteach
 Bhios 's an ear mu bhriseadh faire;
 B' fharmaid leis a' ghréin a bhòichead;
 Dh'éirich i 'na glòir chur sgàil air.

Chaochail i mar phlathadh gréine,
 Is am faileas 'na réis an tòir air;
 Chaochail i mar bhógh nan speuran,
 Shil an fhras is thréig a glhòir e.

Chaochail i mar shneachd a laigheas
 Anns an tràigh ri cois na fairge,
 Dh'aom an làn gun iochd air aghaidh;
 Ghile! O cha b' fhada shealbhaich.

Chaochail i mar ghuth na clàrsaich
 An uair as drùitiche 's as milse e;
 Chaochail i mar sgeulachd àlainn
 Mun gann thòisichear r'a h-innse.

Chaochail i mar bhoillsgeadh gealaich,
 Is am maraich' fo eagal 's an dorcha;
 Chaochail i mar bhruadar milis,
 'S an cadlaiche duilich gun d' fholbh e.

Chaochail i an tùs a h-àille,
 Cha seachnadh Pàrras as féin i;
 Chaochail i!—O chaochail Màiri!
 Mar gum bàidht' a' ghrian ag éirigh.

EOGHAN MACCOLLA

CUMHA

DO IAIN GARBH MAC GILLE CHALUIM

'S mi 'nam shuidhe air an fhaoilinn,
 Gun fhaoilte gun fhurán;
 Cha tog mi fonn aotrom
 Bho Dhi-haoine mo dhunaidh.

O 'n a chailleadh am bàta
 Air na bhàthadh an curaidh,
 Gille Caluim a b'òige,
 Is Iain mór—mo sgeul duilich.

'S i do ghuala bha làidir,
 Ged a shàraich a' mhuir thu;
 Chan 'eil aon ann an Albainn
 Nach toir ainm air do spionnadh.

'S ann an clachan na tràghad
 Tha mo ghràdh-sa 'na uirigh;
 Gun sìod air do chluasaig,
 Fo lic uaine na tuinne.

Do chuid chon air an iallaibh,
 'S cha triall iad gu munadh,
 Do fhrith nam beann àrda,
 No gu àrdbheinn a' Chuilinn.

SLAN LE DIURA

O, slàn le Diùra chreagach chiar,
 B'e m'aighear 's m'iarrtas riamh bhith 'd thaice.
 A' sealg na h-éilde air an t-sliabh,
 'S an làn-daimh chiar an riasg na glaise.

Is ged nach téid mi 'n diugh 'nan déidh,
 'S nach lean mi ceum na h-éild' 's na creachainn.
 'S tric thog mi fonn air lorg an fhéidh,
 Le m' ghunna gleusd' fo sgéith mo bhreacain.

O, slàn le d' bheanntan corrach àrd',
 Gach cnoc is càrn is àirigh fhasgach;
 Is ann fo 'n sgàth bu mhiann leam tàmh,
 Gu'n téid gu bràth fo'n chlàr mo thasgadh.

O, soraidh leis gach srath is raon,
 Gach coire fraoich is caochan blasda;
 B'e fion an fhuarain cuach mo ghaoil,
 An iocshlaint shaor, gach braon dìth nasgaidh.

Do choilltean dlùth' 'san ùrmhios Mhàigh,
 Bu chùbhraidh 'm fàs fo sgàil a' bharrach;
 'S a' ghrian a' sùghadh tùis nam blàth
 A mhosgail Nàdur tràth an earraich.

O, 's truagh nach d'fhuair mi fios 'na thràth,
 Nach robh e 'n dàn domh àit eil' fhaicinn,
 A choisinn cliù is mùirn a' bhàird,
 Mar rinn an t-àit 'san d'fhàg mi 'm breacan.

DOMHNALL MAC EACHARNA

SALM XXIII

Is e Dia féin as buachaill dhomh,
 Cha bhi mi ann an dìth;
 Bheir e fa-near gun laighinn sìos,
 Air cluaintean glas' le sìth.

Is fos ri taobh nan aibhnichean
 Théid seachad sìos gu mall,
 A ta e 'ga mo threòrachadh,
 Gu min-réidh anns gach ball.

Tha 'g aiseag m'anam' dhomh air ais,
 'Sa' treòrachadh mo cheum'
 Air slighean glan na fireantachd,
 Air sgàth dheagh ainme féin.

Seadh fòs ged ghluaisinn eadhon trid,
 Glin dhorcha sgàil a' bhàis,
 Aon olc no urchoid a theachd orm,
 Ni h-eagal leam 's ni 'n càs;

Air son gu bheil thu leam a ghnàth,
 Do lorg 's do bhata treun,
 Tha iad a' tabhairt comhfhurtachd,
 Is fuasglaidh dhomh am fheum.

Dhomh dheasaich bòrd air beul mo nàmh
 Le olla dh'ung mo cheann;
 Cur thairis tha mo chupan fòs,
 Aig meud an làin a t'ann.

Ach leanaidh math is tròcair rium,
 An cian a bhios mi beò;
 Is còmhnaicheam an àros Dé,
 Ri fad mo ré 's mo lò.

BLAR CHUIL-LODAIR

Tha 'm blàr air a chur leo air monadh an fhraoich,
 Tha 'n sgiath air a spionadh o ghuailibh nan laoch;
 Chaidh an claidheamh a bhriseadh an làmhaidh nan
 saoi,
 'S tha fuil nam fear geala fo bhonnaibh nan dao.

Tha 'm breacan 's am féile leis an d'èideadh na sàir
 Le marcaichibh Shasuinn air an saltairt ri làr;
 Tha 'n suaicheantas uasal a chòmhdach na suinn,
 Ri fhaicinn 's an àraich gun àilleachd gun loinn.

Ann an dùthaich nam mórbheann tha uamhas is
 caoidh;
 Luchd nam boineid 's nam breacan chan fhaicear a
 chaoidh,
 Na fiùrain bu tréine nach géilleadh 's iad beò,
 Tha sìnt' air Cùil-lodair gun phlosg is gun deò.

Nis slàn leat, a Theàrlaich, chaidh 'n iomairt le càch.
 Chaidh oighreachd do shinnsir a dhìth ort gu bràth,
 Thug thu 'n oidhirp 's bu treun i le gaisgich mo
 ghràidh,
 'S bidh iomradh do chruadail air a luaidh gu là
 bhràth'.

TORMOD MACLEOID.

IONNDRAINN-CUAIN

Fàth mo mhulaid a bhith ann,
Mi air m'aineol anns a' ghleann,
Fàth mo mhulaid a bhith ann.

Rìgh, nach faicinn an Cuan Barrach
Dòirteadh thar bharraidh nam beann;

Gaoth an iar le cruaidh-fhrasan
Tighinn 'na lasan o'n tìr thall;

Luingis bhàn' a' snàmh gu h-aotrom
Mar na faoilinn nunn 's a nall;

Eala bhàn a' ruith air thoiseach,
Geal a' froiseadh 'san dubh-mheall.

Có tha siod ach an long-fhada;
Tuinn 'ga sadail 's i 'na deann.

Mo thriùir bhràithrean, ceist nan gillean,
Is glan an iomairt o'n taobh thall;

Fear 'ga h-abhsadh, fear 'ga stiùradh,
Am fear òg ri h-iùl 's a' chrann.

Iùbhrach bhàn na diùlt dhomh 'n t-aiseag,
Cha toir cas mi dh'Innse Gall.

Dh'fhuarainn Eige agus Canaidh
Nunn gu Barraidh ghlas nan tonn;

Is trom an ionndrainn th' air mo shiubhal,
Cha tog fidheall e no cainnt;

Gàir na mara 'na mo chluasaibh,
Dh'fhàg siod luaineach mi 's a' ghleann;

Fuaim an taibh 'gam shìor-éigheach:
Tiugainn, m'eudail, gu d' thìr-dhàimh.

O ghréin ud shuas, gur beag an t-iongnadh
Glòir na faoilte bhith mu d' cheann—

Thu a' triall o'n Ghleann 's an oidhche
Nunn gu coibhneas a' chuain thall.

Nam bu leam do thriall 's na speuraibh,
Nàil', cha bhiodh mo cheum cho mall;

Ach pògaidh tus' a nochd Cuan Bharraidh,
'S mis' fo bharraidh cruaidh nam beann.
Fàth mo mhulaid a bhith ann.

DUAN CALLAINN

Thàinig sinne nochd do 'n dùthaich,
A dh'ùrachadh dhuibh na Callainn;
Cha leig sinn a leas a bhith 'g a innseadh,
Bha i ann ri linn ar seanar.

A' dìreadh ris an àrddorus,
A' teàrnadh aig an starsach,
Ar duan a ghabhail gu dòigheil
Mar a b'eòl duinn aig a' Challainn.

Caisean caorach 'na mo phòcaid,
Is math an ceò thig as an fhear ud:
Chan 'eil aon a gheibh de fhàile
Nach bi gu bràth de fallain.

Gheibh fear an tighe 'na làmh e,
Is sparraidh e cheann anns an teallach;
Théid e deiseil air na pàisdean,
Is seachd àraidh bean an tighe.

Bean an tighe, is i as fhiach e,
Làmh a riarachadh nam bonnag;
Làmh a bheireadh càis' is im dhuinn,
Làmh gun spìocaireachd gun ghainne.

Bho 'n tha tart air tighinn do 'n dùthaich,
Is nach bi dùil againn ri annas,
Sochair bheag de bhlàth an t-samhraidh,
B'annsa leinn e leis an aran.

Mur 'eil sin againn ri fhaotainn,
Ma dh'fhaodas tu na cum maill' oirnn;
Mise gille Mhic Dhé ag cullaig,
Eirich féin is fosgail dorus,

A' Challainn so!

TIR NAM BEANN ARD

Togaibh fonn air an fhonn a bha calm' agus cruaidh,
Am fonn thar gach fonn feadh an t-saoghail thug
buaidh;

Do dhùthaich nam beann anns gach cruadal is càs,
Air cuan no air tìr bidh sinn dileas gu bàs:
Tìr nam Beann Ard.

Air dhòmhsa bhith sgìth anns na h-Innseachan céin,
Is m'fheòil air a pianadh le dian theas na gréin',
Gur tric ann am inntinn thig muinntir mo chridh,
Is Tìr nam Beann Ard anns an d'àraicheadh mì;
Tìr nam Beann Ard.

Ged shiùbhlainn an saoghal feadh aonach is fonn,
Ged shiùbhlainn gach àite feadh bhàrcaich nan tonn,
Ged thriallainn gach gleann agus beann tha fo'n
ghréin,
'S i 'n tìr a rinn m'àrach as àillidh leam féin—
Tìr nam Beann Ard.

Mar sin cuiribh fàilt, cuiribh fàilt air gach aon
De 'n t-sluagh do 'm bu dual a bhith cruaidh agus
caoin,
'S a chaidh bidh sinn caomh agus coibhneil ri chéil',
Mar dhream nach robh riamh do an nàimhdean fo
ghéill

Tìr nam Beann Ard.

IAIN MACGRIOGAIR.

CAOLAS ODRUM

Ann an Caolas Od-odrum,
Far an coidleadh an ròn,
Is far nach cluinnte guth duine,
Ach fuaim tuinne 's glog geòidh;

Mar mhuime 'g altrum a pàisdean,
Is i 'gan tàladh gu ciùin,
Gu bheil tulgadh nan cuantan
'Gar sior luasgadh 'nar suain.

Tha an ròn rìoghail ag gusgail.
'S an eala guileag r'a thaobh,
A' mhaighdean-mhara 's i brудар
Anns an uaigneas air laoch.

Tha na luingis a' seòladh
Le 'n cuid òigear troimh 'n chaol,
An tòir air gaisgeadh 's air gàbhadh,
Air ceòl-gàire 's air gaol.

'S théid na luingis a bhàthadh,
'S théid na h-àrmuinn a dhìth,
'S cha laigh suain air an ainnir,
Gun a leannan, 's a' chill.

Och! an dùthaich an eòrna
Cha sguir còmhrag no eug,
'S gum bi dórainn chloinn daoine
Leis an aois dol am meud;

Ach bidh mise 's mo leannan
Chaidh 'nar flaitheas fo thuinn,
'S cha ruig airsneul no aois oirnn
Gus an saorar na suinn.

ORAN DUTHCHA

O théid sinn, théid sinn le suigeart agus aoibh.
O théid sinn, théid sinn gu deónach,
O théid sinn, théid sinn thairis air an t-Srùidh.
Gu muinntir ar dàimh is ar n-eòlais.

Chì sinn an Caol air am faca sinn le gaoith
Bàtaichean aotrom a' seòladh;
Chì sinn na beanntan a ghleidheadh sneachd 'san
t-samhradh,
Is chì sinn na h-aibhnichean bòidheach.

Chì sinn na glinn anns an d'rugadh sinn,
'S am bu ghnàth leinn bhith aotrom gòrach;
Is chì sinn na coilltean le aighear is toil-inntinn,
'S am bu ghnàth leinn bhith cluinntinn nan
smeòrach.

Chì sinn na cluain air am biodh laoigh is uain
Ri mire gun ghruaim anns an Ogmhios,
Is chì sinn na h-aonaich air an ionaltradh na caoraich,
O 'n d'fhuair sinn sàr-aodaichean còmhdaich.

Chì sinn na raoin le blàth a' bhealaidh chaoin,
'S a' Chéitein bhios aobhach is bòidheach;
Is chì sinn na bruachan fo sgàil a' bharrach uaine,
Gu tric anns na bhuain sinn an t-sòbhrach.

Chì sinn an lag is an t-eas gu beucach grad,
Is am bradan a' leum suas 'na chòmhdhail,
Chì sinn am badan 'sam biodh coilich bheadrach,
Ri comh-chath 's a' mhadainn chiùin cheòthar.

Chì sinn gach sliabh air am biodh greighean fhiadh,
Ri mire air riasgan 's air lòintean,
Is chì sinn an lagan eadar àrd nan creagan,
'S an caidleadh an earbag air chòinntich.

Chì sinn gun ghruaim a' bhanarach le fuaim,
 'S a' bhuaile gu duanagach òranach,
 A' bleoghan a' chruidh ghuailfhinn is iad a' sgur de
 nuallan,
 Le taitneas toirt cluais agus deòin dhi.

Ged tha sinn an céin a nochd o ar tìr,
 Is o ar caomh-chàirdean gaoil is sean-eòlaich,
 Olaidh sinn le rùn deagh-shlàinte dhaibh gach oan,
 Is buaidh do dhà thaobh Caolas Dhòrnaich.

IAIN MAC AN ROTHACH.

DAN DO'N GHREIN

A Ghrian na h-òg-mhaidne ag éirigh
 Air sléibhtean soir le d' chiabhan àrbhuidh';
 'S ait ceuma do theachd air an aonach,
 'S gach caochan 's a' ghleann ri gàire.

Tha croinn uaine roimh dhriùchd nam fras
 Ag éirigh gu bras ad chòmhdhail,
 Is filidh bhinn nan coillte fàs
 A' Cur fàilt ort gu moch le 'n òran.

Is aoibhinn do shiubhal, a sholuis àigh,
 A sgaoileas le d' dheàrsadh gach doineann;
 Is maiseach do chleachdan òir
 A' snàmh siar 's do dhòigh ri pilleadh.

Le seachran an dall-cheò na h-oidhche
 Cha ghlacar thu chaoidh ann ad chùrsa;
 Is doineann nan cuantan gàbhaidh
 Cha séid gu bràth as t'iùl thu.

Le gairm na ciùin-mhaidne bidh t'éirigh,
 Is do ghnùis fhaoidh a' dùsgadh gear,
 A' fògradh na h-oidhch' o gach àit,
 Ach sùil a' bhàird nach faic do sholus.

A' BHEAN CHOMUINN

Gun d'fhalbh mo bhean chomuinn;
 Gun d'fhalbh mo bhean ghaoil;
 Cha till mo bhean chomuinn,
 Is cha laigh i ri m' thaobh.

Thig blàth air a' ghiuthas,
 Thig duilleach air géig;
 Thig gucag air luachair,
 Is cha ghluais mo bhean féin.

Thig na gabhair do 'n mhainnir,
 Beiridh aighean duinn laogh,
 Ach cha tig mo bhean dachaidh
 A clachan nan craobh.

Thig Màrt oirnn, thig foghar,
 Thig todhar, thig buain;
 Ach cha tog mo bhean luinneag
 Ri bleoghan na buar.

Cha dirich mi tulach,
 Cha siubhail mi frith;
 Chan fhaigh mi lochd-cadail
 Is mo thasgaidh 's a' chill.

Tha m' aodach air tolladh,
 Tha m' olann gun sniomh;
 Agus deagh bhean mo thighe
 'Na laighe fo dhion.

Tha mo chrodh gun an leigeil,
 Tha 'n t-eadradh aig càch;
 Tha mo leanabh gun bheadradh
 'Na shuidhe air an làr.

Tha m' fhàrdach-sa creachta,
 Is lom mo leac is gur fuar;
 Tha m' ionmhas 's mo bheairteas
 Fo na leacan 'na suain.

TOIMHSEAGAN

Tha nigheanag òg a' tighinn do 'n bhaile so,
 Is earball fada 'na déidh;
 Is léir dhi na ceudan mìle air deireadh,
 Is air thoiseach cha léir dhi ceum.

Tha ultach 'na h-uchd nach innis i dhuinne,
 Is nach faca dùil tha fo 'n ghréin,
 Gus an latha am fuasgail i a sgùird:
 An sin gheibh sinn uile ar cuid féin.

Tha feadhainn thar an dràsda làn àigh is othail,
 Le fàilte toirt furain d' a chéil',
 Nam faiceadh an nì tha sgrìobhta mu 'n coinneamh,
 Bhiodh sìor a' sìleadh nan deur.

Tha cuid a tha iseal diblidh falamh,
 Is an cridhe a' leaghadh mar chéir,
 A thogas i a nìos gun strìth le a slataig,
 'G an cur air rathad glan réidh.

Is math do gach neach gur dìomhair paisgte
 An nì tha feitheamh air féin;
 Neo chuireadh e sìos ar cridhe gu talamh,
 Is rachamaid buileach fo fheum.

An Fhreagairt—A' Bhliadhna Ur.

IAIN CAIMBEUL

CUMHA

DO IAIN GARBH MAC GILLE CHALUIM

Och nan och 's mi fo léireadh
 Mar a dh'éirich do 'n ghaisgeach;
 Chan 'eil sealgair na sithne
 An diugh am frith nam beann casa.

Bha mi uair nach do shaoil mi,
 Ged is faoin bhith 'ga agradh,
 Gun rachadh do bhàthadh
 Gu bràth air cuan farsaing;

Fhad 's a sheasadh an stiùir dhith,
 'S tu air cùl a buill bheairte,
 Dh'aindeoin ànradh nan dùilean
 Agus ùpraid na mara;

Fhad 's a dh'fhanadh ri chéile
 A cuid dhealgan 's a h-acfhuinn,
 Is gum b'urrainn dhi géilleadh
 Do d' làimh thréin air na aigeann.

Ach b'i an doineann bha iargalt'
 Le gaoith 'n iar-thuath 's cruaidh fhrasan;
 Thog i mhuir 'na mill dhùbhghorm,
 'S smuais i 'n iùbhrach 'na sadan.

AN CUAN SIAR

Air do chòmhnardan uain'
 Mile fàilt, a Chuain uaibhrich réidh.
 'S mise chunnaic an uair
 Am bu taitneach t'fhuaim 's do bhéic,
 Socair siblidh, no fo ghruaim,
 Tuinn fo bhuaireas 's gaoth chruaidh 'gan reub:
 Dh'fhàg sud t'ìomhaigh 's do shnuadh
 Air an luadh ann an tuar mo chré.

Faic an Cuan ud ri sith,
 Muir cho sìobhalt' 's gach nì 'na thàmh;
 Riath de dh'fhèath mach o thìr,
 'S mìle faileas air druim an làin;
 Eòin a' sireadh am bidh,
 'S iad 'nan ciocras a' strith ri 'n càil;
 Long air ciùinead fo chis,
 'S fonn aig balaich air chùl nan ràmh.

'N uair bhiodh gaothan fo ghruaim,
 'S tric a shuidh mi fad fuain an là
 Gabhail fàth air a' Chuan
 Air a ruagadh o iochdar gu bhàrr;
 Tuinn a' bòcadh le fuaim,
 Fairg' a' briseadh air cruaidh-chreagan àrd,
 Is marcan-sine fo ghruaim
 A' falbh 'na shiaban air uachdar an t-sàil.

DOMHNALL MACDOMHNAILL

(Eirisgeidh).

CAOL MUILE

Ged a shiubhail mi cian, b'e Caol Muile mo mhiann,
 Cha d'éirich a' ghrian air na's bòidhch';
 B'e sud caol mo ghràidh, do 'n tug mise bàidh
 O làithean mo leanabais is m'òig'.

O b'àlainn leam riamh an caol ud ri fèath
 'S e ag iadhadh mu bhuinn nam beann mòr;
 Chiteadh beanntannan àrd', is coilltean fo'n sgàil
 'Nan àilleachd 's an sgàthan bha fodhp'.

O 'n bhirlinn gun tàmh chluinnteadh farum nan ràmh,
 Na h-iorraim 's na dàin aig na seòid;
 'S 'n uair a chasadh a' ghaoth sin chiteadh na laoich
 Le saod cur nan luingeas fo sheòl.

Ach tha 'n caol so mar bhà, is mar bhitheas a ghnàth,
 A' lìonadh 's a' tràghadh gach lò,
 Fo dhoinn 's fo fhèath, mar mu seach bha e riamh;
 Bidh a' àilleachd 's gach ial ro-mhòr.

Ach air dà thaobh a' chaoil càit an diugh bheil na
 daoin',

Càite comunn mo ghaoil agus m'òig'?
 Tha mo chaoimh-sa 'nan suain fo na tulaichean uain'
 Far nach cluinnear gàir cuain na's mò.

'N uair bhios mórshluagh an t-saoghail air crìonadh
 le aois,

Cha bhi 'n caol ach an tréine na h-òig';
 Caol Muile mo ghràidh, do'n tug mise bàidh,
 'S ann duit bheir mi gràdh ri m' bheò.

IAIN MACLEOID.

NIC COISEAM

Hóro mo chuid chuideachd thu,
 Gur muladach leam bhuam thu.
 Hóro mo chuid chuideachd thu,
 'S mi dìreadh bheann is uchdanan;
 Gum b'ait leam thu bhith cuide rium
 'S do chudthrom air mo ghualainn.

'N uair chaidh mi do Ghleann Lòcha,
 'S a cheannaich mi Nic Còiseam,
 Is mise nach robh gòrach
 'N uair chuir mi 'n t-òr g'a fuasgladh.

Thug mi Choire Cheathaich thu
 'N uair bha mi féin a' tathaich ann,
 Is tric a chuir mi laighe leat
 Na daimh 's na h-aighean ruadha.

Thug mi thu Bheinn Dòbhrain,
 An cinneadh na daimh chròcach;
 'N uair theannadh iad ri crònan
 Bu bhòidheach leam an nuallan.

Ghiùlain mi Ghleann Eite thu,
 Is thog mi ris na Créisean thu;
 'S e mheud 's a thug mi spéis dhuit
 A dh'fhàg mo cheum cho luaineach.

Thug mi Làirig Ghartain thu,
 O 's àlainn an coir' altruim e
 'S na féidh a' déanamh leapaichean
 An creachainn ghlas' a' Bhuachail'.

DONNCHADH BAN MAC AN T-SAOIR.

AN T-EUN SIUBHAIL

Is sgairteil buille bras do sgiath,
 'S tu greasadh dian thar chuan,
 Eòin bhig, chuir cùl ri dùthaich chéin,
 'S a ghabh an t-astar mór leat féin
 Gun laigse crìdh roimh 'n doininn thréin
 'N uair 's àirde geum nan stuagh.

Thu 'd aonaran 'san speur 'na smùid
 A' mùchadh gréine an àigh;
 A' mhuir fo ghruaim 's a tonnan sgìth,
 Gun chlos ri gaothan garg' a' strìth,
 Am fànas dorch' le ceathach mìn—
 Có dh'inneas càit bheil tràigh?

Gun ghuth 'nad chòir their riut bhith treun
 Ach beuc nam mórthonn àrd;
 Gun fhrith-rathad air an laigh do shùil,
 Gun neach no nì a bheir dhuit iùil;
 Is cinnt' tha spiorad gràidh dhuit dlùth
 'Gad stiùradh dh'oidhche 's là.

O! buail do sgiath gu cas, 's do dhùil
 Ri doire dlùth is ceòl;
 Gun egal ann do chrìdh no smuain
 Gun tig ort ceò is seachran cuain,
 No an àird na h-oidhch' gun laigh ort suain
 'S gun àite tàimh 'nad chòir.

Dèan cabhag, dèan, gu gleann nan craobh,
 'S thig fois an déidh a' chruais;
 Is coma 'n sin, fo'n oidhche chaoim
 Ged chì thu anns an aisling fhaoin
 Trom-fhairge ruith, 's ged thig a glaoth
 Mar ghuth na h-aoigh' gu d' chluais.

IAIN MAC A' CHLEIRICH.

GUR MOCH RINN MI DUSGADH

Gur moch rinn mi dùsgadh 's an ùrmhadainn chéit,
 'S a dhìrich mi 'm bruthach gun duin' ach mi-féin;
 Tha ghrian air a turas a' siubhal troimh 'n speur,
 'S dealt na h-oidhche a' tuirling thar ùrdhos nan geug.

A' dìreadh an aonaich ri aodann a' chùirn,
 'S binn torman a' chaochain as aoibheile bùrn,
 Le ròis air gach taobh dheth ag aomadh fo'n driùchd.
 'S e ri deàrrsadh na gréine ag éirigh 'na smùid.

'S binn na h-eòin feadh nam preasan gu leadarra seinn;
 Tha 'n uiseag làn sòlais ri ceòl os mo chionn;
 Na bà-laoigh anns a' gheumnaich air réidhlean ud
 thall,
 'S Mac Talla nan creagan 'gam freagairt air ball.

'S àlainn trusgan a' ghlinne suas ri binnean nan stùc;
 'S cùbhraidh boltrach nan luibhean 'nam chuinnean
 mar thùis;
 Ged 's bòidheach gach doire anns a' choillidh 's a'
 bhrùchd,
 Ged tha 'm barrach cho ùrail cha dùisg e mo shunnd.

An so air faobhar a' mhullaich gur muladach mì—
 Ceann-aobhair mo thuiridh leam gur duilich r'a inns';
 Nach dìrich mi tuilleadh ri munadh 's an tìr—
 Nach dèan mi cùis-ghàire 'n gleann àillidh mo chrìdh.

Bheir mi sùil thar a' bhealaich air na beanntan mun
 cuairt;
 So an sealladh mu dheireadh air gach gleannan is
 bruaich;
 A' fàgail lebh beannachd, an am dealachaidh uaibh,
 A' teàrnadh an aonaich 's iad mo smaointean tha
 truagh.

Act 's tìmh dhomh bhith 'g éirigh 's bhith teàrnadh o'n àird;
 Cha dèan luinneagan feum dhomh, cha dèan éigheach dhomh stàth;
 Feuch am bàta fo còmhdach aig còmhnard na tràgh'd,
 Tha gu m' ghiùlan null thairis á gleannan an àigh.

IAIN MAC LACHLAINN.

AM BRUIDEARGAN

A Bhruideargain, a Bhruideargain,
 Gur duilich leam do sheòl,
 Ad sheasamh bonn na h-uinneige
 'S do chasan beaga reòdht';
 Tha car ad cheann ag coimhead rium
 'S do ghoban boirach breòit'
 Ag inns' gu bheil thu fannachadh—
 Tha 'n t-acras 'ga do leòn.

O, fosglaidh mise 'n uinneag dhuit
 Mun caill thu tur do threòir,
 Is bheir mi sbruileach arain dhuit,
 Tha pailteas air a' bhòrd.
 Na bitheadh fiamh no eagal ort,
 A eòinein bhig, gun ghò,
 Tha 'n tigh gun chat gun chuilean ann,
 'S cha leig mi duin' ad chòir.

Gur caomh leam thu air thigheadas,
 Bu toigh leam riamh do sheòrs'.
 Oir chual mi sgeul an t-seanachaidh
 Mar fhuair thu 'm broilleach òir;
 Ach their iad rium do 'n aithne thu
 Gu bheil thu mar an còrr,
 Gu caidreach 'nuair bhios ainis ort,
 Am pailteas coingeis cò'c.

'Nuair thig an t-Earrach lusnach
 Bidh tusa 'm bun nan còs,
 Ag ceilearachd 's a' leannanachd—
 Gur tu bhios air do dhòigh!
 Ach 'nuair thig fuachd is gailleann ort
 Is gainne air do lòn,
 A sheòid, is math is aithne dhuit,
 Cò aig tha 'm bonnach eòrn'!

NIALL MACGHILLE SHEATHANAICH.

AN FHUAR-BHEINN

An raoir bha mo bhruadar, mo bhruadar, mo bhruadar,
 S an nochd bidh mo bhruadar am fuar-bheinn a'
 cheò,
 Gach oidhche mo bhruadar 'san fuar-bheinn 'san
 fuar-bheinn,
 Is t'fhuaran a' nuallan am chluais ri mo bheò.

Tha m'ionndrainn 's mo bhruadair 'san fuar-bheinn
 'san fuar-bheinn,
 Is fìor uisge a fuarain a' nuallan tre cheò;
 A' ghrian is na reultan a' pògadh a ciabhan
 Is mise 'ga h-iargain 's 'ga h-iarraidh ri m' bheò.

Ged 's cian mi air m'aineol o'n dachaidh fo'n fuar-
 bheinn
 Is miann le mo bhruadar, mo bhruadar bhi 'd cheò.
 Do dhuan ris na h-àrdaibh 's do ghàir ris na cuantan
 Is t'fhuaran a' nuallan am chluais ri mo bheò.

COINNEACH MACLEOID.

FIOS CHUN A' BHAIRD

Tha a' mhadainn soilleir grianach,
 Is a' ghaoth an iar a' ruith gu réidh,
 Tha an linne sleamhainn sìothchail
 O na chiùinich strìth nan speur;
 Tha an long 'na h-éideadh sgiamhach,
 Is cha chuir sgìos a dh'iarraidh tàimh:
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise,
 A' toirt an fhios so chun a' Bhàird.

Tha mìltean spréidh air faichean
 Is caoraich gheal' air creachainn fhraoich.
 Is na féidh air stùcan fàsail
 Far nach truailllear làr na gaoith':
 An sìolach fiadhaich neartmhor,
 Fliuch le dealt na h-oiteig tlàith':
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise,
 Thoir am fios so chun a' Bhàird.

Tha Bogha-Mór an t-sàile
 Mar a bha le reachd bith-bhuan,
 Am mórachd maise nàduir
 Is a cheann àrd ri tuinn a' chuain;
 A riombal geal seachd mìle,
 Gainmhean sìobta o bheul an làin
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise,
 Thoir am fios so chun a' Bhàird.

Ged a roinneas gathan gréine
 Tlus nan speur ri blàth nan lòn,
 Is ged a chithear spréidh air àirigh
 Is buailtean làn de àlach bhó,
 Tha Ile an diugh gun daoine,
 Chuir a' chaora a bailtean fàs:
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise,
 Thoir am fios so chun a' Bhàird.

Ged a thigeadh ànrach aineoil
 Gus a' chaladh 's e 's a' cheó,
 Chan fhaic e soillse o'n chagailt
 Air a' chladach so na's mò;
 Chuir gamhlas Ghall air fuadach
 Na tha bhuainn 's nach till gu bràth:
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise,
 Thoir am fios so chun a' Bhàird.

Ged a thogar feachd na h-Alba
 As cliùiteach ainm air faiche an àir,
 Bidh bratach fhraoich nan Ileach
 Gun dol sìos 'ga dìon le càch;
 Sgap mìorun iad thar fairge
 Is gun ach ainmhidhean balbh' 'nan àit:
 Mar a fhuair 's a chunnaic mise,
 Thoir am fios so chun a' Bhàird.

Tha tighean seilbh na dh' fhàg sinn
 Feadh an fhuinn 'nan càrnan fuar:
 Dh'fhalbh 's cha till na Gàidheil,
 Stad an t-àiteach, cur is buain:
 Tha stéidh nan làrach tiamhaidh
 A' toirt fianuis air 's ag ràdh,
 "Mar a fhuair 's a chunnaic mise,
 Thoir am fios so chun a' Bhàird."

Cha chluinnear luinneag òighean,
 Séisd nan òran air a' chléith,
 Is chan fhaicear seòid mar b'abhaist
 Ag cur bàir' air faiche réidh;
 Thug ainneart fògraidh uainn iad,
 Is leis na coimhich buaidh mar 's àill:
 Leis na fhuair 's a chunnaic mise,
 Biodh am fios so aig a' Bhàird.

Chan fhaigh an déirceach fagadh
 No am fear astair fois o sgìos,
 No siosgeulach luchd éisdeachd:
 Bhuadhaich eucoir, Goill, is cis;
 Tha an nathair bhreac 'na lùban
 Air na h-ùrlair far an d'fhàs
 Na fir mhóra chunnaic mise:
 Thoir am fios so chun a' Bhàird.

UILLEAM MAC DHUN-LEIBHE.

'N UAIR BHA MI OG

Moch 's mi 'g éirigh air bheagan éislean,
 Air madainn chéitein 's mi ann an Os,
 Bha spréidh ag geumnaich an ceann a chéile,
 'S a' ghrian ag éirigh air Leac an Stòir;
 Bha gath a' boillsgeadh air slios nam beanntan,
 Cur tuar na h-oidhche 'na dheann fo sgòd,
 Is os mo chionn sheinn an uiseag ghreannmhor,
 A' toirt 'nam chuimhne 'n uair bha mi òg.

An uair a dhìrich mi gualainn Shidhein.
 Gun leig mi sgìos dhiom air bruaich an lòin:
 Bha buadhan m'inntinn a' triall le sintheig,
 Is sùil mo chinn faicinn loinn gach pòir.
 Bha 'n t-sòbhrag mhìnbhuidh' 's am beàrnan-brighde,
 An cluaran rioghail is lus an òir,
 'S gach bileag aoibhneach fo bhraon na h-oidhche,
 Ag cur 'nam chuimhne 'n uair bha mi òg.

A' toirt 'nam chuimhn' iomadh nì a rinn mi,
 Nach fhaigh mi bann gu ceann thall mo sgeoil;
 A' falbh 's a' gheamhradh gu luaidh is bainnsean,
 Gun solus lainnteir ach ceann an fhòid;
 Bhiodh òigrìdh ghreannmhor ri ceòl is dannsa,
 Ach dh'fhalbh an t-am sin 's tha 'n gleann fo bhròn;
 Bha 'n tobht' aig Anndra 's i làn de fheanntaig,
 Ag cur 'nam chuimhne 'n uair bha mi òg.

'N uair chuir mi cuairt air gach gleann is cruachan
 Far 'n robh mi suaimhneach ag cuallach bhò,
 Le òigrìdh ghuanach tha nis air fuadach,
 De shliochd na tuath bha gun uaill gun ghò;
 Na raoin 's na cluaintean fo fhraoch is luachair,
 Far 'n tric a bhuaineadh leam sguab is dlòth;
 Nam faicinn sluagh agus tighean suas annt'
 Gum fàsainn suaimhneach mar bha mi òg.

MAIRI NIC A' PHEARSAIN

ORAN DUTHCHA

Ged tha mi car tamuill
A' tàmh measg nan Gallaibh,
Tha ma dhùthaich air m'aire,
Is cha mhath leam a h-àicheadh.

Ged is éiginn leinn gabhail,
Leis gach nì thig 'san rathad,
Gum b'fheàrr na na srathan,
Bhith tathaich 's a' Bhràighe.

Ged is còmhnard na sràidean,
Is mòr a b'fheàrr bhith air àirigh,
Am frìth nam beann àrda
Is nam fàsaichean blàtha.

Beurla chruaidh gach aon latha
'Nar cluais a chionn grathainn—
Is e bu dual duinn o'r n-athair
Bhith labhairt na Gàidhlig.

Ged is cliùiteach a' Mhachair,
Le cunnradh 's le fasan,
B'e ar dùrachd dol dachaidh,
Is a bhith 'n taice ri'r càirdean.

Bhith an Clachan an Dìseirt,
A' faicinn ar dìlsean;
Gum b'ait leinn an tìr sin,
O'n is i rinn ar n-àrach.

Luchd dhìreadh nan stùcan,
Le 'n gunnachan dùbhghorm,
A loisgeadh am fùdar
Ri ùdlaiche làndaimh.

Is e bu mhiann leis na macaibh
Bhith triall leis na slatan,
A chur srian ris a' bhradan,
Cha b'e fhasan am fàgail;

Gu fiadhach a' mhunaidh,
No dh'iasgach air buinne;
Annas gach gnìomh a nì duine,
Is mòr urram nan Gàidheal.

DONNCHADH BAN MAC AN T-SAOIR.

AN ATAIREACHD BHUAN

An ataireachd bhuan,
Cluinn fuaim na h-ataireachd àird',
Tha torunn a' chuain
Mar chualas leams' e 'nam phàisd;
Gun mhùthadh gun truas,
A' sluaisreadh gaineamh na tràgh'd;
An ataireachd bhuan,
Cluinn fuaim na h-ataireachd àird'.

Gach làd le a stuagh,
Cho luaisgeach farumach bán,
'Na chabhaig gu cruaidh,
'S e gruamach dosrach, gun sgàth;
Ach strìochdaidh a luaths
Aig bruach na h-uidhe bh'aig càch,
Mar chaochail an sluagh
Bha uair 's a' bhaile-sa tàmh.

'S na coilltean a siar
Chan iarrainn fuireach gu bràth,
Bha m'inntinn 's mo mhiann
A riamh an lagain a' bhàigh;
Ach iadsan bha fial
An gnìomh, an caidreabh, 's an àgh,
Air sgapadh gun dìon
Mar thriallas ealtainn roimh nàmh.

Seileach is luachair,
Cluaran muran is stàrr,
Air tachdadh nam fuaran
An d'fhuair mi iomadh deoch-phàit';
Na tobhtaichean fuar'
Le bualan 's cuiseag gu 'm bàrr,
'S an eanntagach ruadh
Fàs suas 's a' chagailt bha blàth.

Ach chunnaic mis' uair
Am bu chuannar beathail an t-àit,
Le òigridh gun ghruaim
Bha uasal modhail 'nan càil;
Le màthraichean suaic'
Làn uail 'nan companaich ghràidh;
Le caoraich is buar,
Air ghluas'd moch-mhadainn nan tràth.

Ag amharc mun cuairt
Cha dual dhomh gun a bhith 'm pràmh;
Chan fhaic mi an tuath
Do 'm bu shuaicheantas carthannas tlath,
'Nam fògarraich thruagh',
Chaidh 'm fuadach thairis air sàl,
'S cha chluinn iad gu buan
Mór-fhuaim na h-ataireachd àird'.

Ach siùbhlaidh mi uat;
Cha ghluais mi tuilleadh 'nad dhàil:
Tha m'aois is mo shnuadh
Toirt luaidh air giorrad mo là;
An am dhomh bhith suaint'
Am fuachd 's an cadal a' bhàis,
Mo leabaidh dèan suas
Ri fuaim na h-ataireachd àird'.

DOMHNALL MACIOMHAIR.

AN UISEAG

Uiseag riabhach àrd 'san iarmailt,
 Leam is ciatach t'òran:
 Air madainn ghrianaich air an t-sliabh mi.
 Moch ag iarraidh sòlais.
 Do ghuth miadhail leam as miannaicht
 Thar gach eua de m'eòlas.
 A' toirt fianu's mar am briathran
 Air na dh'iarradh oirne.

Ciod as iéir dhuit as na speuran?
 Innis féin e dhòmhsa
 'S an cuir mi 'n céill e do na leughas—
 'S mór ar feum air eòlas.
 An e do spéis bhith faicinn spréidh—
 Crodh is féidh air lóintean,
 Uain bheag' éibhinn measg nan treud
 A' mire leum le sòlas?

An Fhreagairt.

Is binn am chluasan fead a' bhuachail,
 Is moch a ghluais e còmh' rium,
 Is guth nan gruagach tighinn o 'n bhuaile
 'S iad giùlan cuachan lòdmhor.
 An sgalag-thuath a' treabhadh cruaidh
 Le seisreach ghualneach òg-each,
 Is sgaoth m'a chuairt de eòin a' chuain—
 'S neo-bhinn am chluais an ceòl-san.

Am bàrr gach géig' 's an doire léith
 Tha iomadh gleus 's a' chòisir,
 Mar phongan teud na clàrsaich réidh
 An àird ag éirigh ceòlmhor.

Ach 's binne 'n t-séisd na iad gu léir
 Air salm o bheul a' chreòthluinn,
 Cur fàilt air gréin na maidne Chéit
 Bheir slàint' an déidh na dórainn.

Chan e na's léir a nì dhuit feum,
 Mur tuig thu, réir an òrduigh,
 Gum bi a chreud cho math 's an léigh
 Rinn slàn a chreuchd do 'n deòraidh.
 Na cum do bheul o mholadh Dhé,
 O éirigh gréin' gu glòmainn.
 S e sin mo sgeul-s' mum paisg mi sgéith
 Am neadan féin 's a' mhòintich.

NIALL MACGILLE SHEATHANAICH.

RANNAN NEONACH

(A réir beul-aithris, no faoin-sgeul, chuireadh na rannan éibhinn so r'a chéile le piuthair do ghille òg a bha fo bhinn crochaidh am prìosan. Ghealladh beatha a bràthar dhi nan cuireadh i ri chéile rannan anns nach bitheadh lideadh de'n fhirinn).

Tha chuthag is gug-gùg aice,
Gug-gùg aice, gug-gùg aice,
Tha chuthag is gug-gùg aice,
'S i toirt na sùl a caora.

Chunna mi, 's gum b'fhiosrach mi,
Na ròin a' falbh le litrichean,
Màileid is pelisse orra,
Is iad cho glic ri daoine.

Chunna mi na partanan
A' danns' air ùrlar charbadan;
A' chorra-ghrìdheach 's bata aice,
'S i 'g iarraidh chun an aonaich.

Fhuair mi nead an tàrmachain
An talamh-toll 's an àrddorus;
An dreathan-donn 's dà ràmh aice,
Cur bàta an aghaidh gaoithe.

Chunna mi na cudaigean
A' snìomh air an cuid chuigealan,
An iolair mhór is buideal aic'
A' falbh an cuideachd dhaoine.

Chunna mi na donnagan
Is cuailtean móra connaidh orr';
An fhaochag bheag 's an donnalaich
A' falbh is dronnag fhraoich oirr'.

Chunna mi na siolagan
A' seòladh anns an iarmailte;
'San lèabag-cheàrr is srian rithe,
'S i 'g iarraidh chun an aonaich.

MONADH IS SLIABH

Monadh is sliabh,
Sin iad mo mhiann
Air òg-mhadainn ghrianaich àillt,
Le cùbhradh an fhraoich
'S e fhathast fo bhraon
Cur suird is suigeirt fo 'm chàil.

Uiseag air sgéith—
Ruith cheilear o beul—
Ard ag éirigh 'sna neoil,
Le binneas a teud
A' dùsgadh am chré
Caoin-aiteal a thréig a ghloir.

Aghmhor a' ghrian,
Glòrmhor a rian,
'Na mórachd a' lionadh nan spur,
Is sealladh a gnùis
A' togail mar thùis
O shùilibh nam flùr gach deur;

Ag òradh nam beann—
An Cuilitheann thall—
Cur fuinn is uisge fo fhaoilt,
'S a' sineadh gu àird
An cuan làn bàigh
A' tàladh eileana gaoil—

Canaidh is Rùm
Is Eige nan sgùrr,
Gu sèimh a' togail an ceann.
'S air iomall na fàir'—
Na's annsa gu bràth—
Tir m' àraich ud Innse-Gall

AN T-EILEAN MUILEACH

An t-Eilean Muileach, an t-Eilean àghmhor,
An t-Eilean grianach mu'n iadh an sàile,
Eilean buadh-mhor nam fuarbheann àrda,
Nan coilltean uaine 's nan cluaintean fàsail.

Ged tha mi 'm fhògarrach cian air m'aineol
'S a' Chaisteal Nuadh 's an taobh tuath de Shasuinn.
Bidh tìr mo dhùthchais a' tighinn fa-near dhomh,
An t-Eilean Muileach bu lurach beannaibh.

B'fhallain cùbhraidh 's bu réidh an t-àilean,
Le bhlàthan maoth-bhog bu chaoine fàile;
Bu ghlan na bruachan mu'n d'fhuair mi m'àrach
An Doire Chuilinn aig bun Beinn Bhàirneach.

Gheibhteadh 'n ruadhchearc 's na coilltean iseal,
'S an coileach tùchanach dlùth 'ga briodal;
'S ged tha na beanntan gun fhaing gun fhrithean
Bidh damh na cròice 'nan còsaibh lionmhor.

B'e 'n sòlas inntinn leam bhith ag éisdeachd
Ri còisir bhinn-ghuthach ghrinn a' chéitein,
A' seinn gu sunndach an dlùths nan geugan—
A' choill fo liath-dhealt 's a' ghrian ag éirigh.

Chlaon gach sòlas dhiubh sud mar bhruadar,
Mar bhriseadh builgein air bhàrr nan stuagh-thonn.
Ach soraidh slàn leis gach loinn is buaidh
A bh'air eilean àghmhor nan àrbheann fuara.

DUGHALL MACPHAIL

TAOBH MO THEINE FEIN

'S e taobh mo theine dhomhsa, chlann,
'S e taobh mo theine féin;
Gum b'e sud àite blàth mo ghaoil,
Aig taobh mo theine féin.

'N uair thig mi dhachaidh anns an oidhch',
Mi fann is fliuch is sgìth;
An saoghal cosmhail ri bhith 'n gruaim,
Cho duaichnidh bidh gach nì;
'S a chì mi 'n solus tigh'nn gu m' shùil,
Troimh 'n uinneig dhùint', mar reul,
Gun tog mo chridhe suas le sunnd,
Bhith dlùth do m' theine féin.

'S 'n uair chì mi 'n lasair dheàrrsach dhearg,
'S gach àite sguabte grinn,
Is fiamh a' ghàir' 's gach aghaidh ghràidh,
'S gach aon toirt fàilte bhinn;
O càit bheil sonas coltach ris
An saoghal bochd a' bhròin?
Cha tugainn taobh mo theine féin
Air mìle bonn de 'n òr.

'N uair gheibh mi comunn caomh mo rùin,
'S iad dlùth dhomh air gach làimh,
Gach aon toirt bàrr an tlus 's am bàigh,
'S bann gràidh 'gar ceangal teann;
Mo bhean 's i cur gach nì 'na àit,
'S mo phàisdean air mo ghlùn,
Cha suaipinn taobh mo theine féin
Air sonas rìgh na cùirt'.

IAIN CAIMBEUL.

AN GAIDHEAL AIR CLADACH CEIN

Mi 'm shuidhe 'n so air cladach céin,
 Mo chridhe deurach làn;
 Gur fada mi bho m' dhùthaich féin,
 Far 'm faighinn éisdeachd dàin.
 'S ann fada bhuam tha luchd mo ghaoil,
 'S cha seas ri m' thaobh 'nam chàs;
 Bho 'n latha sgaoil mo sheòl ri gaoith.
 Bu tearc mi saor bho chràdh.

Tha osag aognaidh feadh nan craobh,
 'S an t-aonach glas gun tuar.
 Tha bruth'chean torrach air gach taobh,
 Ach leams' is faoin an snuadh;
 Gum b'annsa leam bhith 'n Tìr an Fhraoich,
 Tha 'n taobh ud thall de 'n chuan,
 Far 'm faighinn faoilt bho chàirdean gaoil,
 'S far 'm bithinn saor o ghruaim.

Tha Tìr nam Beann an diugh fo thùrs';
 Tha sliochd nam fiùran gann;
 Cha chluinnear duanag an fhir-chiùil,
 'S tha 'n òigridh ùr air chall.
 Tha teanga liomht' nan Gàidheal còir
 Air call a treòir 'san am;
 Tha gaol an airgid 's déidh an òir
 'Ga fògairt 's gun i ann.

Tha luachair ghlas is raitheach gharbh
 A' fàs gu dalma dlùth,
 'S an fheanntag reasgach—sròl a' mhairbh—
 Mu fhrògaibh balbh' nan tùr.

Tha 'n coinean fiat' le lior 'na dhéidh
 Ri criomadh réidh mu 'n chùil
 Far 'm faicte lurain bheag' gun chéill
 'Nan cadal sèimh air glùin.

Ged thuiteas seargadh air gach dùil,
 Is mùchadh air gach neart;
 Ged fhroiseas dùbhlachd blàth nam fùr
 'N uair théid an ùr-fhàs thart,
 Air sgiathaibh gréin' an earraich thlàith,
 Théid beatha 's fàs a mach,
 Is sgaoilidh duilleach gorm nam blàr
 A h-àilleachd feadh nam faich'.

EACHANN MACDHUGHAILL

